That ages to our land endears.

Friend of the poor in time of need,
Thou laid'st the topstone on the cairn
Of many a good and gallant deed
Done by the house of Fassifern.

The house that gave brave heroes birth—
Whose banners waved in many a clime—
The flowers of chivalry and worth—
Who made whate'er they touched sublime.

Sprung from Lochiel—their heroes shed
A halo round that martial name ;
And gathered flowers, where'er they led,
For proud Britannia's wreath of fame.

The good Sir Ewen's counsel sage
Did oft the poor from wrong defend ;
The guide of youth, the crutch of age,
Oppression's foe, and virtue's friend.

And thou, of his brave sons the last,
A harvest rich of love didst reap,
Then smiling o'er thy labours past,
So calmly went in peace to sleep.

The woodland choir with songs will haunt
Thy lone home by the silvery sea,
Whose rippling waves so quaintly chant
Their low sweet requiem to thee.

The flowers that bloom around thy grave—
The fragrant birch at morn and even,
Sweet incense from their censers wave
Memorials of thee to heaven.

And tho' the wild bog-myrtle now
Is 'mong thine ancient oak-wreath twined,
May she who wears it on her brow
Have honour, love, and joy combined.

Sole daughter of thine house so true,
 From many a loyal chieftain sprung,
 Who ruled in power when lords were few,
 And by a thousand bards were sung!



ORAN MU CHALLART.

FOXX :—“ *Oran nighean fir Gheambail.*”

Mo chruit chiùil le mòrchuis dùisg,
 'Us seinn gu siùblach rann domh,
 'S le mòran mùirn gu'n innsinn cliù
 Air bruthaichean Iurach Challart :
 B'e miann gach sùl' a 'bhi dhut dlùth,
 'Us tu na d'chulaidh ghreadhnaich,
 'An tùs an Ògmhios 'us d'ùr chòt'
 Làn neònain agus shóbhrach.

Gur bòidheach grian ré fad an lò,
 Gu h-òrbhuidh air do chluaintean,
 Mar adharc-pailtis, 'taom gun aire ort
 Gach maise, a chualas,
 Gheabhadh am fear anmhan càil,
 'S an fhàileadh ghlan, gun truaileadh
 'Tha 'measg do thulman, uaine, feoir
 'S na ròsan, tha mu d'bhruachan.

O, 's beag a chailleas tu de d'sgiamh,
 Ged dh'fhalbhas fiamh an t-Samhruidh.
 'S gach craobh dhìot snuagmhòr leis an uaine
 Tha suaicheanta le seòrsa,
 Bagailtean ruiteach air caoran,
 'S fraoch na 'chulaidh-bhainse
 'S ged thig le gruaim a ghaillionn fhuar
 Cha laidh ort tuar a' Gheamhraidh.

'S ann air do phàircean molach fèidh,
 A's lodail a bhios cruachan,
 'Us air do dhailthean bhios an t-arbhar.
 Diasach, tarbhach, smuaiseach.

Mnathan gu luinneagach, gnìomhach,
 'Leagadh sìos nan sguab dheth
 'S an fhuil chraobhach le teas iomairt
 A' mire na'n gruaidhean.

'S gur a bliochdor, laoghmhor, torrach,
 Do mhonaidhean sgiamhach,
 Féurach fuaranach gach coire,
 'S am faighteachd am fiadhach,
 Tarmachain nan creachann fuara,
 An coileach-ruadh, 's an liath-chearc,
 'S air do shealgair dol ri d'gharbhlach
 Cha Bhiodh 'fhalbhan dìomhain.

B'e ceòl mo ghaoil a bhì mu d'raoin,
 Ag éisdeachd laoidh na'n alltan,
 Cruitearachd mhilis an lèin-duibh,
 'S òraidean na smèdraich,
 Uiseag 'dòrtadh bho na neòil oirnn
 Oran nach 'eil cainnt orr',
 'S iad mar gu'n cual i pong no dha
 Bho chlàrsichean nan ainglean.

'S ann air do làr tha 'n t-aitreabh àillt'
 'S am faighteachd gràdh 'us faoilteachd
 Bhiodh ceòl na pìob, 'us cuirm gun dìth
 'S an àrois ghrinn ri fhaotainn,
 Aig sliochd nan àrmunn b'iad 's an àrfhaich
 Meangain àrd na laochraidh,
 Ursannan-catha na gaisge,
 'S brataichean ga 'n sgaoileadh.

Cha 'b ann mar rainich, no luachair,
 'Rinn ur n-uaisle cinntinn,
 Daragan aosmhor na h-Alba,
 B' ainmeil anns gach linn sibh,
 Ceannardan buadh-mhor nam feachda
 Mu 'm beil eachdraidh sgrìblite,
 A leanadh tre dhiachainn an ceartas,
 'S g'am bu reachd an fhirinn.

Ged dh'fhalbh na daragan ròghail,
 'Sheasadh sinn na 'r cruadal,
 Dh' fhàg iad againn na fùrain
 A's fiùghaile buadhan,
 Ròsan air broilleach a' Chéitein,
 'Chinn bho ghéugaibh uaibhreach,
 'S bho 'n dian fhathasd fiùrain éirigh,
 Le tréine an dualchais.

'S bho'n a dh'fhàg mi tìr mo ghaoil,
 Gur h-ioma taobh 'bha m' fhalbhan,
 Bho'n t-Suain, 'us Lochlunn, 's an Olaint,
 An Fhràing mhòr's a' Ghearmailt,
 Cha shàsaich am briaghad mo shùil,
 Ged 's plùranach neo gharbh iad,
 'S mi 'cuimhneachadh d'fhalluin 's a' Chéitein
 Le séudan a' dealradh.



AM MARAICHE 'S A LEANNAN.

FOX:—“*Nighean bhàn Dhail-an-eas.*”

O, 's mairg tha'n diugh feadh garbhlaich,
 'S ri falbhan 'am measg fraoich ;
 'Us gaithean gréin' gu h-òrbhuidh
 A' dòrtadh air gach taobh.
 Gu'm b'fhèarr a bhì air bàrr nan tonn
 Air long nan cranna caol ;
 'S a' faicinn nan seòl ùra
 Ri sùgradh anns a' ghaoith.

O, 'fhleasgaich òig, gur gòrach leam
 Do chòmbradh anns an uair,
 An fhraoch-bheinn ghorm ga 'samlalachadh
 Ri gleanntan glas a' chuain ;
 'S gur tric a 's aobhar caoinidh leam
 A h-aon dh'an d'thug mi luaidh,
 'Bhì as mo shealladh fad air falbh
 Air bharraidh garbh nan stuadh.

A rìmhinn òg dh'an d'thug mi gaol,
 B'e 'bhi ri d'thaobh mo mhiann,
 Bho'n chiad là riabh thug mi dhut spéis,
 Bu tù mo réul 's mo ghrian,
 Ach taobh ri taobh, a luaidh ri d'ghaol,
 Tha m'aighe 'g aomadh riabh.
 Gu marcachd nan tonn dùbhhorm
 A dh-aindeoin dùdlachd shian.

O, leam bu mhiann a bhi 's an luing,
 'S an stiùir a bhi na m' làimh,
 An uair 'bhios muir gu nualanach,
 Na 'glinn 's na 'stuadhan àrd,
 A' brùchdadh barra-gheal fo a sròin,
 'S le crònan seach a sàil ;
 I 'g éirigh éutrom air gach tonn,
 'Us fonn oirre ri gàir'.

I 'g éirigh éutrom air an t-snàmh,
 Mar eala bhàin 's a' chaol ;
 Gach sgòd aice a mach gu 'cheann,
 'S gach seòl a' tarrainn gaoith' ;
 I 'falbh le cuinnein fiadhta
 Thair tuinn a b'fhiadhaich gaoir,
 Mar stéud-each cruidheach, uaibhreach,
 A thug mu 'chluasa 'n taod.

'Us ged a bhrùchdadh gaothan òirn
 Le neart nam Faoilleanach fuar,
 'Us toirm na bagairt' bàsmhoire
 'Bhi 'm bàirnich àrd nan stuadh,
 Le marachd mhath 'us cùram,
 Gheabh an iùbhreach ghasd a' bhuaidh ;
 'S thig fearalachd 'us mòralachd
 Ri linn na comhstrìth cruaidh'.

'S an uair a thigeadh sìochaint,
 'S a bhiodh grian a' dèarrsadh caoin ;
 Gu'm b'aotrom 'bhi le ceòl 'us sùinnt
 'Cur siùil ri slatan caoil ;

'S an uair a bhiomaid dìomhanach,
 Mo dhriamlach thair a taobh,
 'Us mi gu h-ait a' seinn le fonn,
 "Mo nighean donn mo ghaol."

"O, 'digeir ùir, nach éisd thu rium,
 Ged 's mòr do spéis do'n chuan,
 Cha mhair an dìge daonnan,
 'S 'n uair 'thig an aois le gruain,
 Gur bochd an obair seann-duine
 'Bhi mach fo ghreann nan stuadh
 Fo chathadh geal nam bòc-thonna
 Tre'n oidhche reòdhta fhuair.

"O, 's maing ri dorchadas 'us stoirm,
 'Bhios air a' chladach leis
 Na gàirdeanan 'bha làidir
 Air fàilneachadh gun treis',
 Tigh-soluis air an fhuaradh,
 'Us gaoth a's cruaidhe fead
 Ga 'n sparradh chùm an fhuathais
 'S an long mu'n cuairt cha leig."

"O, 'ainnir dhonn, na sil do dheòir,
 Mu bhròn nach tig a chaoidh.
 Tha'n ti a' riaghladh air a' chuan,
 'Tha 'riaghladh cluaintean fraoich ;
 'Us ged, a luaidh, a thriallas mi
 Gu oirean cian an t-saoghail,
 Le 'thoil-san thig mi sàbhailte
 Gu broilleach blàth mo ghaoil.

"'Us ged a's goirt an dealachadh,
 Bidh 'n coinneachadh d'a réir,
 'S ar cridheachan 'an dealas ùr
 A' dlùthachadh ri chèil',
 'An gaol gun mbeirg, gun fhàilneachadh
 Ach mar a bhà gun bhéud ;
 Gach turus-cuain ga 'ùrachadh
 A mhùirneag a' chùil réidh."

O R A N

DO SGIOBÀIR DE CHLANN-A-MHUIRICH AIR AN DO CHUIR
MI EÒLAS ANN AN LUNNAINN.

FONN :—“*Gaol am Péutonach sùghor.*”

'S ANN an Lunnainn nan stìopall,
Baile rìoghail nan uaislean,
'Fhuair mi eòlas 'us càirdeas
A' Ghàidhil 'bha suairce ;
'S beag ioghnadh an t-àrmunn
A bhi àilleasach, uasal,
'S e de shìol nam fear sgairteil
'Thogadh bratach fo Chluainidh.

Sgiobair calma, glan, cuimir,
Dh'am b'aithne luingeas a sheòladh ;
Cha'n ann mu thimchioll nan cùiltean,
'S nan stùcanna ceòthar ;
'S ann a thàirneadh tu 'cùrsa
Air gach dùthaich fad bho d'eòlas ;
'S thilleadh dhachaidh gu buadhar
Dh'aindeoin nuallan thonn mòra.

Thoir mo shoiridh le beannachd
Dh'ionnsaidh 'Phearsanaich loinneil,
Le dùrachd 'us fàilte
Anns gach àite 's an coinnich :
'S e mo ghuidhe gu'm buain e
Meangan uasal gun choire,
Air 'na leag e a shùil
'Am bàrr ùrail na coille.

'S math leam agad a'mhaighdeann,
Eho'n 's i daoimein na tìr 'i ;
'S ged nach fhaigh thu leath' saibhreas,
Gheabh thu oighreachd 'bhios prìseil :
Gheabh thu grinneas 'us suairceas,
Mathas, nails', agus sìochaint,
Bean mhaiseach ri d'ghualainn
Nach cuir bruidleir air d'inntinn.

Sùil mar dhearcaig a' bhruthaich,
 Falt mar fhitheach nam mòr-bheann ;
 Mar shuth-chraobh tha a bilean,
 Bho am milis na pògan ;
 Aghaidh mhàlda gun ghruaman,
 Aig a' ghruagaich 'dh'fhàs mòthar ;
 'S i a' dearbhadh a dualchais
 Ann a gluasad gu còmhnard.

Làmh 'chur grinneis air éideadh,
 'S a dhianadh éuchd leis an t-snàthaid ;
 'Dhianadh snìombhach, na'm b'fhéum e,
 Cho math ri péurlainn no fàitheam ;
 I tuigseach na 'còmhradh
 Banail, mòthar, gun fhàillinn ;
 'S bho'n is math leam air dòigh thu,
 Guidheam còir dhut air Màiri.



FAILTE DO MHARCUS LATHARNA 'S DO
 'MHNAOI OIG RIOGHAIL.

1.

CHUALAS iolach ann an Alba,
 Caismeachd-buaidh' air feadh nan garbh-chrìoch,
 Pìob gu tartarach anns na gleannaibh,
 Teintean-éibhneis air na beannaibh,
 Sranraich bhratach air na gaathaibh,
 Caithream aig Mac-talla aosda,
 'N uair a shaoil sinn e gun lùthas,
 'Caoidh a chànain 's cloinn' a dhùthcha,
 B' àrd-ghuthach e 'gabhail òrain,
 'Seirm gu binn le mic na h-òige.
 Spioraid aosmhoir tìr nan Gàidheal,
 Cìod an diugh a's fàth do 'n ghàirich,
 'Dhùisg thu còmhdhaichte le aighear,
 As an uaigh 's an robh thu 'd 'chadal ?
 'S cò chuir ort an coron éibhneis,
 Le lannir 'tha dalladh na léirsinn ?

II.

Thuirt an t-Aosd', 's e crath' le mòrchuis
 A leadan aighearach bòidheach,
 Tha toil-inntinn air mo chuartach',
 Mar bhrùchdadh barra-gheal nan stuadhan,
 Mar dheoch fhìor-uisge do 'n phàiteach,
 Mar mhiar ealanta air clàrsaich,
 Mar bhroilleach gaoil do' n truaghan fhògrach,
 'Toirt ìocshlainte do 'anam leòinte.
 Thàinig sgéul a dhùisg mo chridhe,
 'S a chuir mi gu mùirn 's gu mire,
 Mar stoirm nan tonn mòr a' gleachdraich,
 'S an Fhaoilleach ann an Coire-bhreacain.
 Tha gàir nan céud mu 'n Chaisteal Aorach,
 'S cha 'n e àr 'tha 'm beachd na laochraidh,
 Gean is gràdh 's gach sùil tha 'lasadh,
 'S a deàrsadh 's gach gruaidh mar an cadadh.

III.

A chlann nan sonn do 'n dual am breacan,
 Togaibh iolach air gach leacainn,
 O ghleanntaibh uaine nan Catach,
 Gu Earra-Ghàidheal nan gaisgeach,
 Mar mharbh Diarmad donn an t-sùgraidh,
 An torc fiadhaich 's a' choill' ùdlaidh,
 'S a choisinn e cliù nach bàsaich,
 'Fhad 's a dh'innsear sgéul 'an Gàidhlig;
 Fiùran àluinn a' chùil bhuidhe,
 Mharbh an Dràgon 's bhuaibh an t-ubhal,
 Ubhal miadhar, miann an t-saoghail,
 Thug e 'n diugh do 'n Chaisteal Aorach.
 Chìosnaich e, nàil' ! luchd na Beurla,
 Mòrchuis Shasuinn, 's àrdan Eirinn,
 'S thug e 'chreach á làimh na Gearmailt,
 Ged is mòr a rìgh 's a h-armailt.

Bidh Atha is Aora gu h-aobhach ri ceòl,
 Gach alltan 'us caochan ri 'n laoidh mar is eòl.

Dhùisg morchuis is sòlas luchd-òrain nan gleann,
'S trusgan-bainse mu ghuaillibh tìr' uaibhrich nam
beann.

Fàilt ort, fàilt ort, fàilt ort, a laoich !

Fàilt ort le d'òg-mhnaoi gu beanntaibh an fhraoich !

Fàilt air an òigfhear, fàilt air le buaidh,
Cha 'n òighnadh mo ghràdh a thoirt bàrr air an t-sluagh,
'S nach 'eil am pòraibh Iompair no Rìgh 'thig thar tuinn,
Boinne 's uaisle na 'n fhion-fhuil 'tha 'm fìor Mhac
O'Dhuinn.

Fàilt ort, &c.

'Fhìùrain an òr-fhuil, gur bòidheach do dhealbh,
'S gur airidh thu 'measg sluaigh air na fhuair thu 'ad
sheilbh.

O d'òig' thu làn uaisle, gun tuaileas gun bhéum,
Ach do chùrs' mar a' ghrian 'tha gun fhiaradh na 'céum.

Fàilt ort, &c.

Fàilt air an Daoimein 'tha 'boillsgeadh a'd 'chrùn,
A' Bhana-phrionnsa àilt 'thug a làmh dhut 'sa rùn,
Cha 'n òighnadh sinn 'thoirt ùidh dh'i an dùthaich nam
beann,

'S i simplidh na 'mòrachd mar neòinean nan gleann.

Fàilt ort, &c.

'S ioma plùran 'tha 'brùchdadh troimh ùrlar gach glinn,
Le'n tùisearan cùbhraidh 's le 'n ùraireachd ghrinn,
Gun mheas air am fàile, no 'n àillealachd mhòir,
'S ar miann air a' gheal-ròs nach ceannaicheadh an t-òr.

Fàilt ort, &c.

A nighean na mnà céutaich rìoghail sin gu'r miann,
A shliochd nan leòmban calma 'bha'n Alba o chian,
Tha e do ar beanntaibh 's do 'r gleanntaibh mar dhriùchd,
D' fhaicinn ann an aoibhneas aig oighre an Diùc.

Fàilt ort, &c.

Oighre nan tréun-fhear, 's a' ghéug 'rinn e bhuaìn,
Geal mar chanach sléibh no mar éiteig a' chuain

Driùchd o na h ardaibh fad làithean an saoghail,
 Beannachd agus gràs bhi air càraid mo ghaoil !
 Fàilt ort, fàilt ort, fàilt ort, a laoich !
 Fàilt ort le d'òg-mhnaoi gu beanntaibh an fhraoich !
 Fàilt ort, fàilt ort, fàilt ort, a laoich !
 Fàilt ort gu d'èolas le òg-mhnaoi do ghaoil !

HARBURG.



TRANSLATION OF THE ABOVE BY SHERIFF NICOLSON.

I.

FROM Scotland comes a joyful voice,
 All her rugged bounds rejoice,
 In the glens the pibroch thrills,
 Bonfires flash upon the hills,
 Banners to the wind are rolled,
 And the voice of echo old
 Sounds again a note of gladness,
 When we deemed him sunk in sadness,
 Mourning for the fallen place
 Of his native tongue and race :
 Now his voice is loud in song,
 The glad sons of youth among.
 Spirit of the Gaelic earth,
 Wherefore is this wondrous mirth
 That hath waked thee from the tomb,
 And to triumph turned thy gloom ?
 Whence thy crown of joy so bright,
 Gleaming on the dazzled sight ?

II.

Said the Spirit, shaking proudly
 His bright locks of comely hair,
 Gladness hath been shed around me
 Like the bursting of the wave
 When the crested rollers bounding
 Toss their white foam in the air ;
 Like cold water to the parching,
 Like skill'd fingers on the harp-string,

Like love's breast to wretch forlorn,
 Bringing balm to spirit torn,
 Such hath been the news to me,
 That hath stirred my soul to glee,
 And my heart to joy did waken,
 As when waves of wintry sea
 Wildly dash in Corryvreckan.
 For on Inverary's green
 Rings the shout of hosts afar,
 Where the gathered clansmen muster,
 And in every eye is seen,
 Not the dreadful light of war,
 But love's warm and kindly lustre.

III.

Raise, ye children of the heroes,
 That have worn the Highland tartan,
 Lusty cheer on every hillside,
 From the far green glens of Cataibh,*
 To Argyll, the nurse of valour.
 As brown Diarmad, loved of women,
 Slew the wild boar in the dern wood,
 And won glory never dying,
 While a tale is told in Gaelic,
 So the golden-haired young hero
 Slew the dragon, plucked the apple.
 Apple noble, world's desire,
 Which he bears to Inverary.
 He hath vanquished all the English,
 Pomp of England, pride of Ireland,
 And from German hands he carried
 Off the spoil that princes longed for,
 Great as is their king and army !

Let the waters of Awe and of Aray rejoice,
 Each burnie and streamlet in song lift their voice,

* Sutherland.

With pride and with joy wakes the music of the glens,
 When the wedding-robe decks the proud land of the Bens,
 Hail to thee Lorne, and thy Princess together,
 Welcome are both to the hills of the heather !

Hail to thee, young chief, and yet again hail !
 No wonder my darling o'er all should prevail,
 For no blood of Kaiser or King ever born
 Is better than flows in the blue veins of Lorne.

Thou well-favoured youth of the gold-yellow hair,
 Full worthy thou art of thy heritage fair,
 From the dawn of thy days thou wert pure without spot,
 Thy course like the bright sun that wavereth not.

Hail to the diamond that beams in thy crown,
 The Princess whose true heart and hand are thine own,
 Well may the mountain land bid her all hail,
 Who is simple in greatness as flower of the vale.

Sweet blossom the flowrets, unheeded of men,
 With censers of fragrance perfuming the glen,
 The bloom of their beauty unvalued doth fall,
 But the peerless white Rose wins the worship of all.

O child of good Mother most royal in worth,
 Whose fathers of old wore the crown of the North,
 As dew to the mountains and glens of our Isle,
 Is thy coming in joy with the heir of Argyll !

Thou heir of great fathers, and thou his young bride,
 Fair as down of the mountain, or shell of the tide,
 May the best dews of blessing descend from above,
 To the end of their days, on the pair of my love !

Hail to thee Lorne, and thy Princess together !
 Welcome are both to the hills of the heather,
 Hail to thee, Hail to thee, Hail to thee, Lorne !
 With thy love to the land where thy fathers were born.

AIR LATHA ORDUIGH DHUNEIDEANN.

GED tha mi 's an Fhraing 'g éisdeachd sranraich na gaoith',
 'S'e baile Dhunéideann 'n diugh m' éibhneas 'us m'ùigh,
 'Us cluig bu bhinn òrain ri ceòlraidh do m'chrìdh,
 'Toirt cuiridh gu cuirm ann an cùrtean an Rìgh.

FONN—*Air faillirin, illirin, willirin ò,
 Air faillirin, illirin, willirin ò,
 Air faillirin, illirin, willirin ò,
 Mo rùn air a'chomunn 's mo thogradh 'bhi leò!*

'Bhi 'g éisdeachd a'bhuaichail,* a fhuair mi na m'fhéum,
 Gu beanntainnean *Bheuladh* a'stìùireadh mo chéum ;
 'S air tùs chuir 'am làimh a'ghloin'-amhaire de 'n òr,
 Troimh 'm faca mi sealladh air fearann na glòir',
 Air faillirin, illirin, &c.

A chuideachd mo ghaoil, gabhaibh aobhach an sògh
 'Th'air a sgaoileadh le faoilt aig Fear-saoraidh nan slògh ;
 'S 'n nair a thig e n'air dàil dh'iarruidh bhlàithean 'us meas,
 Na biodh aon ghéug gun phàirt oirr' ri àireamh 's an lios.
 Air faillirin, illirin, &c.

B'e mo mhiann-sa ur cìocras 'bhi riaraidh' le gràdh,
 'S ur n-òl 'bhi gun airceas fo bhratach an àigh ;
 Ged 'tha mis' mar neach pàiteach air àrd-bheannaibh mòr,
 'G eisdeachd torman nan caochan 's nach fhaod dol na'n còir.
 Air faillirin, illirin, &c.

A nigheanan Shioin co geal 'us co dearg,
 Ged 's dubh mi seach sibhse na gabhaibh rium fearg ;
 Bidh mise thair chuaintean ga m'bhualadh le grian,
 'Us sibhse gu mùirneach le bùthaibh ga 'r dìon.
 Air faillirin, illirin, &c.

Gu 'm b'annsa na h-òrain tha 'n còisridh nan saoidh,
 Na osag a' Chéitein ged 's éibhinn a laoidh ;
 'S 'n uair thig cruaidh-ghaoth a' Gheamhraidh 'eur greann
 air gach dùil,
 'S ann bho Shinai 'tha'm fonn 'tha 's gach ponc d'ar cruith-
 chiùil.

Air faillirin, illirin, &c.

* An t-Ollamh Maclachainn, Eaglais Chalum-Chille, ann an Dun-
 eideann.

Ged 's ciatach leam searmoin nan garbh-thonnan mòr
 Mu uamhas Iehóbhah, mu mhórachd 's mu ghlòir ;
 Cha chluinnear a'luaidh iad air Uan Chalbharì,
 'S a chaoidh cha toir cùnntas mu Chùmhnant na Sith.
 Air faillirin, illirin, &c.

Ach leanaidh mis' céuman ur tréud-se le deòin,
 'S 'n uair 'ruigeas mi 'n t-àit' 'm bi ur tàmh mu thràth-
 nòin,
 Mar fhior-uisge *Elim* 'n déigh *Mara* 'bhi searbh,
 Bidhsuaimhneasnan cluaintean 'n déigh cruaidh rathaidean
 garbh.
 Air faillirin, illirin, &c.



A L O N E.

My babe, thou'rt like a pretty bud
 Upon a blasted bough ;
 A bird come from the shady wood
 To shiver in the snow ;
 Or like the fragile butterfly
 That spreads its downy wing
 Ere yet the sun begins to dye
 The blossoms of the spring.

The moonbeam soft and purely shines
 Upon my baby's face,
 And my heart closer round her twines
 As I thy features trace.
 My Mary—once as fair to see
 As summer's blooming flowers,
 Whose smile made home as bright to me
 As summer's gayest bowers.

But now the beauteous rose may bloom
 Upon the breast of May,
 The scented violet may perfume
 The breath of closing day ;

The lily pure, the primrose fair,
 The daisy on the lea,
 May grow again, but ah! they ne'er
 Can summer bring to me.

The snow is on the flowery nook
 Where I so oft did rest,
 And frozen is the crystal brook
 Whose waters made me blest.
 The golden sunbeams that were showered
 So freely in my home
 Are gone, and a dark cloud has lowered,
 Through which no light can come.

The whisperings of the silver sea
 That ripples to the shore ;
 The sighings of the fragrant breeze
 That sweeps my garden o'er ;
 The warblings of the little birds,
 Earth's softest voices all,
 My Mary dear, thy winning words
 And gentle tones recall.

And, darling, oft at night I dream
 I see thee near me stand
 With beauteous ones, who to me seem
 Thy sister angel band.
 And oh! thy words come like sweet balm
 To this lone heart of mine,
 As in the selah of your Psalm
 Ye tell them—I am thine.



LAME WILLIE.

A CHRISTMAS BALLAD.

THE sun was shining on the dappled meadows,
 Where lambs were frisking in their lightsome glee,
 Whilst poor lame Willie, from his wee dark garret,
 Could neither lamb, nor flower, nor sunshine see.

And if sometimes a stray sunbeam came streaming
 In through his cracked and broken window pane,
 Gilding the miseries of his lone chamber,
 It woke a yearning that became a pain.

No song of bird had ever cheered lame Willie,
 Except the sparrow's chirpings 'neath the eaves ;
 Yet of their warblings he was ever dreaming—
 Dreams that untaught poetic fancy weaves.

His soul was hungering for some thing of beauty,
 On which to feast his brightly-beaming eye ;
 No pretty thing could he see from his garret,
 Except the stars that lit the evening sky.

" Oh, tak' me to the green my ain dear mither "
 He cried, " some day when ye are no' at wark ;
 And we can gang as sune's we get our breakfast
 And no' come back again until it's dark.

" I want to hear the rolling o' the river,
 To list in quiet to the city's hum ;—
 Mither, altho' I'm lame I'm very thankfu'
 That God has made me neither deaf nor dumb."

His mother turned from him to hide her anguish :
 She oft rebelled because her boy was lame ;
 " He's far too wise," she said, " my ae wee lammie,
 My bonnie doo will ne'er a grey head kame."

" Ye couldna walk, my Willie," she said, smiling,
 " And carrying ye is mair now than I can ;
 Ye've grown sae, laddie, near as big's your mither—
 How could I carry ane that's maist a man ?"

" I'll never be a man, my ain dear mither,
 " And I'm glad I'll never, never be ;
 But I would like to see the bonnie simmer,
 And hear its voices ance before I dee."

When Ted, the coalman, heard the lame boy's wishes
 (For Ted tho' rough, had got a kindly heart),
 He said he'd drive him out next Sunday morning,
 With old dun Jeru and the cuddy cart.

Good Teddy came in all his Sunday grandeur,
And carried Willie down the creaking stair ;
And to the South Side Park led out old Jeru,
Softly exhorting him to walk with care.

Was ever boy so happy as lame Willie
When he beheld the bright and beauteous scene,
Whilst the kind sun his beams were show'ring on him
As free and golden as on Scotland's queen.

He ne'er again was lonely in his garret,—
That gorgeous picture never left his mind ;
It was a book that he was always reading,
Where night or day he perfect bliss could find.

The soft green grass, the splendour of the flowers,
The fragrant perfume of the red June rose,
The rustling trees that softly waved and quivered,
The birds that warbled 'mong their leafy boughs :

The bees that hummed upon the beauteous blossoms,
The fairy butterflies so gay and bright,
The sunshine streaming upon all from heaven,
Each to the boy was a most pure delight.

When Christmas came the frost was keen and biting,
And coals were heaped upon the rich man's fire ;
And yet of cold he night and day complained
Though wrapped in broadcloth to his heart's desire.

Lame Willie shivered in his cold lone garret,
Till sickness laid him fast upon his bed ;
And his sad mother wailed that she must leave him
The lee lang day, to earn their daily bread.

Good Teddy often came with bits of candy,
And tales of Jeru's sly and tricky ways,
And promises of visits to the gardens
When summer brought again the sunny days.

Lame Willie smiled to please the kindly coalman,
Tho' well he knew he'd ne'er again be whole ;
And yearned for some one who could bring to order
The tangled mass of beauty in his soul.

For strange thoughts haunted the neglected laddie
 About a higher life than he saw led,
 And visions of a great and beauteous garden
 That was the home of all the happy dead.

'Twas then a lady left her cosy chamber,
 Filled with compassion for the sick and poor,
 And bravely daring cold, and filth, and rudeness,
 Went like an angel in at misery's door.

She, like a sunbeam, came to Willie's garret ;
 And tho' she comforts gave a goodly share,
 He said her kind face was the truest balsam—
 " 'Twas like a breath o' caller garden air."

And when she told him the great Christmas story,
 Of how the Lord left His bright courts of joy,
 And for our sakes bore all the keenest sorrow—
 The manger-born despised and suffering Boy.

But yet how angels carolled o'er His coming ;
 How stars were heralds to proclaim His birth :
 And how they still sang hymns of joy and gladness
 When sons were born to God upon the earth.

And when she read him of the golden city,
 The crystal river, and the trees aye green,
 The songs of joy that in the home of heaven
 Await the throng who turn away from sin.

The lame boy's face was all aglow with gladness—
 The face so pinched with early want and care—
 And told with rapture how he knew that heaven
 Must, like that garden, be so fresh and fair.

And when he dying lay, he told good Teddy
 The happy boy that Jeru's drive had made,
 But how that angels from that bed would bear him
 Where tree nor flower could never, never fade.

" You, too, must come, Ted, and my ain dear mither ;
 But you'll no ken Willie, for he'll no be lame,

The Great Physician lives and reigns in heaven,
I'll soon be healed if I but ance get hame."

Lame Willie sleeps in peace beneath the daisies,
And oft his mother tells, with show'ring tears,
His pretty ways, and ere he went to heaven,
How strangely wise he was beyond his years.

And blessings follow that good gentle lady,
Who told these Christmas tidings to the boy,
Smoothed his rough pillow, and gave him rapture
That seemed a foretaste of the heavenly joy.



A CHRISTMAS CAROL.

ROBIN upon yonder thorn,
Welcoming this Christmas morn,
Sweet, oh, very sweet to me
Is thy joyous minstrelsy.
Yet not thine the only lay
Celebrating the glad day :
One great harmony's abroad,
One great psalm is sung to God—
In the deserts, in the floods,
'Midst earth's deepest solitudes.
Hark ! among the forest trees
Wildly chants the swelling breeze,
Whilst the sea, with voice sublime,
Rolls and sings from clime to clime ;
And the tiny waterfall
Adds its plaintive madrigal :
Yet not theirs the sweetest lay
Heard by God on Christmas Day.

Bird of beauty, in life's spring,
Lisp'ing cherub, tune thy string ;
Give thy precious little gem
To the Babe of Bethlehem.

Youth, who on your tiptoe stand
 Of your manhood's promised land,
 To get brief but golden gleams,
 Sing to-day, forget your dreams.
 Maiden in thy beauty's bloom,
 Sire who tott'rest to thy tomb,
 Queen and peasant join the throng,
 Swell the Halleluia song ;
 Dear to God shall be each part
 Rising from a grateful heart :
 Yet not yours the sweetest lay
 Heard by Him on Christmas Day.

All ye righteous ninety-nine
 Who have kept the laws Divine—
 Stern unbending ones who've ne'er
 Charity for those who err—
 Sour ascetic souls that frown
 Every harmless pleasure down,
 Frowning on the infant's wiles,
 Frowning on the maiden's smiles ;
 Who forget amidst your gloom
 Birds do sing and roses bloom ;
 Laud—but yours is not the lay
 Dear to God on Christmas Day.

Sinner, hopeless and forlorn,
 Thou whom the self-righteous scorn,
 Ope thy heart in spite of sin,
 Christ the Lord shall enter in—
 Thy heart the palace of a king—
 What a carol thou shalt sing ;
 Then o'er thee frail child of earth,
 Gladly as at Jesu's birth,
 Th' angel host shall sing again,
 " Peace on earth, goodwill to men."
 And our God shall bend His ear,
 Graciously thy song to hear—
 'Tis by far the sweetest lay
 Heard by Him on Christmas Day.

O R A N

MU'N CHOINNIMH-CHOMHRAIDH 'BHA ANN AN DUNÉIDEANN
AIR SON CATHAIR GHÀIDHLIG FHAOTUINN ANNS AN ARD
OIL-THIGH.

FONN :—“*The Laird o' Cockpen.*”

DIAN, a dhuthaich nan tréun, iollach éibhneis as ùr,
Chualas nuallan nam pìob an tigh rìomhach nan tùr ;
'Us d'uaislean na'n céudan gu h-éudmhor 'tighinn cruinn,
'Chumail suas na càinnt' buadhair 'bha dual do na suinn.

Chruinnich baintighearnan mìn-ghéal na'n sìde 's na'n sròl,
'S iad a' boillsgeadh le séudan, mar réultan 's na nèoil ;
'Am maise 's an àilleas 'toirt bàrr air a chéil' ;
'S an gaol air a' Ghàidhlig ga 'ghnàth chur 'an géill.

O lìonaibh dhomh còrn 'us gu'n òl mi le fonn,
Deoch-slàinte nan uaislean sliochd uaibhreach nan sonn,
'S air tùs cuiream fàilt air an t-sàr 'bh'air an ceann
Am morair bho Cholonsa nan gorm ghleann 's nam beann.

A shliochd nan leòmhnan tréun chleachd 's an téugbhail a'
bhuaidh,
Tha subhailcean gun àireamh a ghnàth ort ri luaidh ;
'S 'n uair 'bhios maithean as gach àit' anns an “Arthigh”
le chéil',
Cha bhi aon ann 'bheir bàrr air a Ghàidheal Macnèil.

'S bha Cluainidh gu h-uaibhreach le 'shuaichantas fhéin
Ceann-feadh'n' ga'm bu dualach 'bhi cuantachail tréun,
Bha na Pearsanaich riabh ri àm diachainn ro-chruaidh ;
'S bhiodh am brataichean sgaoilt' air na gaoithean le
buaidh.

'S tha fuil uasal bho 'mhàthair ag éiridh na 'phòr,
Dream nach reiceadh an fhùrinn air nì no air òr ;
Na camshronnaich mheamnach bha ainmeal 's gach strìth,
'Bhiodh na'n leomhain 's an tuasaid 's nan uain 'n àm na
sìth.

'S bha 'n Siorra MacNeacail 'am breacan 'bha grinn
Gaisgeach rìoghail nam buadh 'sheinneadh duanag gu bìnn ;

Cridh' 'fearail an t-saighdear 's mur mhaighdinn e ciùin,
Sùil mar lannir nan léug 'bhios air éideadh mo rùin.

Sealgair 'an daimh chràcaich 's an àrd chreachunn ghlas,
'S bheireadh bradan gu bruaich as an fhuar linge chais
Bidh ceartas 'us tràcair 'triall còmhl' riut tre 'n t-saoghal,
'Us claon-bhreith gu bràth cha toir àrmunn mo ghaoil.

'S a stucannan ceòmhor ur neòil cuiribh dhìbh,
Ged b'fhada ann an dòlas 's am bròn a bha sibh,
Tha 'ghrian bhuidh' 'dòrtadh a h'òir air gach sliabh,
'S a gathanan àigh mu gach àrd-bheinn a' snìomh.

Thugadh clàrsach nan téud nis bharr géugan a' bhròin,
'S cha leig sinn rithist annt' i, ri'r 'n àm, no le'r deòin.
Buailidh sinn gu h-àrd i le gairdeachas mòr,
'S sinn ag cluintinn na Gàidhlig 'bhi 'fàs ann an treòir.

A chànain mo mhàthar, a chànain mo ghaoil,
Bidh tu 'fàs ann an sgiamh, gus 'm bi crìoch air an
t-saogh'l

'S ged bha thu gu tinn gheabhar cinnteach dhut léigh
'S bidh tu luinneagach binn feadh gach linn 'thig na'r déigh.

'S tric a chuala mi dàn a rinn Bàrd do shìol Dùinn,
'S e mu mhac mo dheireadh Adhamh ri' fàidhdearachd
dhuinn,
E 'bhi labhairt ris a ghréin 's iad le chéil 'dol gu bàs ;
'S ann an Gàidhlig gur cinnt' leam a dh'innseas e 'chàs.



CRONAN AN LATHA DHORCH.

CHA'N fhaod sinn caoidh, no gal, an diugh,

Ged nach 'eil grian a' dèarrsadh ;

Tha 'n t-uisge 'biathadh a' mhaoth-ròis,

Air broilleach caomh a' Mhaigh ;

Gu tartmhor chrom na flùir an cinn,

Ach ùraichidh an àilleachd ;

'S gur maiseach bhios iad, 'n uair 'thig grian

A ris le gathan àigh.

Na nèid tha dorch ach theid iad seach,
 'Us seinnidh sinn gu ceòlmhor ;
 'S le fiughair sealltuinn, air son soills',
 Gu'm fuadaich sinn gach bròn ;
 Am maireach bidh a' ghrian a mach,
 S a' choill air chrith le òrain ;
 'S gach cuiseag 's feòrnain 'n déigh nam fras
 Na's ùrain' air gach lòn.

Tha 'n iarmailt fiuch, 'us fuar, an diugh,
 Ach cha bhi sinn fo ghruaman ;
 Thig creideamh, 's gràdh, air aoidheachd leinn,
 'S bidh dòchas uasal grinn ;
 Ag itealaich gu màranach,
 Mu 'n mhàireach shoillear bhudhar,
 'S am bi gach flùr fo bhlàth na'r céum,
 'S na h-eòin ri ceileir bìnn.

Agus ged a thig an Geamhradh òirnn,
 Le gaillinn 's cathadh fiadhaich ;
 O, cumamaid air cridh'chean tréun,
 Le cuimhne gu 'n tig grian ;
 Gu ceòlmhor dìreamaid a' bheinn,
 Ged 's cas an céum 's ged 's fiar e,
 Na 'mullach bidh sinn fad o's cionn
 Gach ceathaich agus sian.



TRANSLATION.

CROONING FOR A DARK DAY.

WE must not weep nor grieve to-day,
 Altho' the sun's not shining ;
 The rain will feed the budding rose
 Upon the breast of May ;
 The flowers that drooped around our path,
 Were for the rain-drops pining ;
 And when the sun comes out again
 They'll all be bright and gay.

The clouds are dark, but soon they'll pass,
 We'll spend the hours in singing ;
 And, looking for the sunshine, we
 Shall banish care and pain ;
 To-morrow, when the sun is out,
 The woodlands will be ringing,
 And every leaf and blade will be
 The fresher of the rain.

The air is damp and chill to-day,
 Yet do not droop in sorrow,
 For love and faith will be our guests,
 And hope will spread her wing,
 To revel on the bosom of
 A beautiful to-morrow,
 When round our path the flow'rs will bloom,
 And all the birds shall sing.

And even in the winter storm,
 Altho' the drift is blinding,
 We must be strong and brave of heart,
 The sun will shine again.
 We'll singing climb life's hill, altho'
 The path is steep and winding ;
 Upon the top we'll get beyond
 The darkness and the rain.



GLASSMAKING SPIRITUALISED.

WRITTEN IN THE GLASSWORKS OF MR. A. JENKINSON,
 10 PRINCES STREET.

I STOOD by the glowing furnace,
 Into which was cast the sand
 That had once been counted worthless,
 Tossed by billows on the strand.

And I watched till all the darkness
 From the burning heap did pass,
 And it molten in the furnace
 Seemed a flaming lava mass.

On his rod a workman gathered
Tiny bits of what seemed flame,
Rolling each upon his anvil
Till it crystal clear became.

Calm and quietly then were fashioned
From that molten sand such things
As seemed bright enough to gladden
The gay festive halls of kings ;

Coming ready from the furnace
For flowers, water, fruit, or wine,
All in beauty, all according
To the master's wise design.

And I thought of all those beings,
Tossed upon life's weary strand,
Careworn, aimless, almost worthless
As the grains of ocean sand.

God could in His glowing furnace
These poor wretched souls refine ;
Turning them to beauteous vessels,
To be filled with heavenly wine ;

Water from the holy river ;
Fruit the tree of Zion yields ;
Flowers, fragrant, sweet, and precious,
Culled from the celestial fields.

Christian whom the Lord hath ransomed,
Wilt thou for Him gather sand ?
Girt with love, wilt thou not venture
To the dark and stormy strand ?

It is faith that in the sand-grains
Sees the goblet fit for wine ;
It is faith that in the loathsome
Seeth souls that yet may shine.

Bring them, dark and lost, believing
There is no transforming rod
To turn beauty out of blackness
Like the wondrous grace of God.

If you cause a sinful Mary
 On Christ's head to pour her balm,
 You in heaven shall join the chorus
 Of her hallelujah psalm.

Lead the poor degraded drunkard
 To be filled with heavenly wine,
 And thy face shall in his beauty
 With a brighter radiance shine.

Oh, the beauty! oh, the glory,
 Of the souls that God makes bright
 Vessels for the marriage supper,
 Shining like the stars of night.

Christian, whom the Lord hath ransomed,
 Wilt thou for Him gather sand?
 Girt with love, wilt thou not venture
 To the dark and stormy strand?



LINES ON EDINBURGH.

WRITTEN IN NORWAY.

How graceful on the hills thou sit'st,
 Dear Edina, the blest,
 As calm and proudly as a queen
 Upon her couch of rest;
 And beauteous as a maiden fair
 Within a sunny bower,
 'Mong crystal brooks and woodlands green,
 And many a fragrant flower.

Thy guardian lion by thy side
 Looks down upon the Forth,
 And lovingly he watcheth thee,
 Fair Empress of the North.
 A foeman's hand with touch unkind
 Will never dare, I trow,
 To pluck one single leaflet from
 The thistle on thy brow.

I love to see thee, Edina,
 When, in the summer time,
 Thy hills and parks so beautiful
 Are in their gayest prime.
 Thou hast no darkening city smoke,
 No deafening city din,
 But humming bees and warbling birds
 Are in thy gardens green.

How massive are thy palaces,
 And lofty are thy towers !
 Yet trees and summer greenery
 Make them like fairy bowers.
 When leaf and blade are twinkling in
 The sunlit morning dew,
 How fresh and balmy is thy breath,
 Thy sky how bright and blue !

And, e'en though frowning winter comes
 With tempests and with snows,
 She cannot rob thee of the bliss
 That in thy bosom glows,
 When gaily at the social board,
 Or 'round the cheerful hearth,
 Friend meets with friend, to drink unscant
 The purest joys on earth.

I in the moonlight love to stand
 Alone upon thy bridge,
 And watch the twinkling lights along
 Thine old historic ridge ;
 And, as they star-like glimmer on
 The hoary Castle's crest,
 In the deep hush I seem to hear
 The throbbings of thy breast.

Between the Old Town and the New
 Thy railway line seems cast—
 Type of the progress that divides
 Thy present from thy past.

And as the busy severing vale
 Is by thy bridges spanned,
 So may thy rich and poor be joined
 In sympathetic band.

God guard thee, Edina the fair !
 In love to thee I cling ;
 Where'er I roam, my soul still turns
 To thee on eager wing.
 I yearn to see thy face again,
 And hear thy Sabbath bells,
 That seem to welcome weary souls
 To Elin's blessed wells.

Though I have wandered far away
 To many a foreign clime,
 I've met with naught in any land
 So lofty and sublime
 As the deep quiet and holy rest
 Of thy dear Sabbath days,
 When, soaring from earth's mists, we rise
 To bask in Heaven's bright rays.



DEATH OF DR. NORMAN MACLEOD.

THY warfare's o'er, great chieftain, now's thy rest,
 "Beyond the voices" of tumultuous time,
 Quenched is the genial glow that warmed thy breast,
 And made the beauties of thy life sublime.
 Sleep soundly near the old beloved home,
 Where often thou life's golden dream did weave ;
 Sleep soundly by the hills o'er which did roam
 Thy youthful feet on many a joyous eve.

We mourn the silence of thy noble voice,
 That charmed the ears, and swayed the hearts of men,
 That made their souls with purest joy rejoice,
 And brought life's hidden things within their ken.
 Ah ! thou, with sympathy's own magic touch,
 Could heal life's broken springs, and bring again

Sweet music from the chords where over much
Of care and sorrow had left only pain.

And with thine eloquence thou couldst unlock
The worldling's heart, and bring his hoarded gold
Like streams of water from the flinty rock
To bless life's poor ones—hungry, faint, and cold.
And 'midst thy greatness and thy power, thou
With grace and tenderness did'st rich abound,
Like a great rock whose high majestic brow
With simple ivy and with heath is crowned.

Thou, like thine own "Wee Davie," had become
A glorious centre where affections met,
Where sweet good-will had found a gladsome home,
From which to scatter drizzling clouds of jet.
Monarch and peasant claimed thee as a friend,
Their loves met, beauteously around thee twined ;
And as in life, so in thy latter end,
Sweetly was lowliness with state combined.

They laid thee to thy rest beneath thy plaid,
The Highland plaid that thou didst love so well,
And o'er it proudly gentle hands had laid
The Queen's sweet offerings of *immortelles*.
Sleep soundly near thine own beloved home,
Till the great morn in golden light will break,
Sleep soundly till God's mighty voice will come
In joy and gladness to bid thee awake.



ORAN

AIR AN 42ND AIR DHOIBH BHI BUADHAR AN
COGADH ASHANTÉE.

A ho 's toigh leam, 's toigh leam, 's toigh leam,
A ho 's toigh leam fhein na Gaidheal,
Luchd nu'm breacan, gorm, is uaine,
A chleachd buaidh-chaitream, 's na blàran,

Thàinig sgéul á tìr na gréine,
 'S gur mór m'éibhneas, 's mo chùis mhànrain,
 Freiceadan Dubh nan ceum éutrom,
 'Bhi gu h-éuchdach mar a b'àbhaist,
 A ho 's toigh leam, &c.

Leomhain churanta 'n àm cruadail,
 Dhuibh bu dualach buaidh 's an àr-fhaich,
 Sliochd nam mìl reachd 'ar uaibhreach,
 'Bha nan uamhas do gach nàmhaid,
 A ho 's toigh leam, &c.

Sliochd nam fear a chleachd an fhraoch-bheinn,
 'S an cruinnichteadh na laoich le crois-tàraidh,
 Cha chualas an eachdraidh an t-saoghail,
 Feachd a chuir na saoi gu nàire,
 A ho 's toigh leam, &c.

Cha b'e gleachd ri feachdan rianail,
 'Bha ri dhianamh anns a' chàs so,
 Ach 'bhi 'eòsnachadh nam fiat-fhear,
 'Bha mar fhiadh-bheath'chan an fhàsaich,
 A ho 's toigh leam, &c.

'S ged bu smachdail borb an rìgh ud,
 Fear 'thoirt suas nan ìobairt gràineil,
 Thug ur gnìomh air tighim gu dìblidh,
 'Phàigheadh cìse do *Shìr Garnet*,
 A ho 's toigh leam, &c.

B'éutrom ur céum anns gach cruadal,
 Mar bu dual do mhic nan Gaidheal,
 'Bha mar fhéidh nam beannaibh fuara,
 Gun chuing, gun bhuaireach, gun sgàth orr',
 O gur toigh leam, &c.

'S ged 'n Amoaful chaidh leònadh,
 Dheanadh air na seòid nach d'fhàilnich ;
 Thog iad iollach 's lean an tòrachd
 'S dh'aindeoin dò-bheairt chaidh an là leo.
 O gur toigh leam, &c.

Cha bhac garbhach iad no bruthach,
 'S misneach cùiridh aig gach sàr dhiubh,

'S cha robh 'n abhainn ach mur réidhlean,
 'S iad guailleán ri chéil mar b'abhaisd.
 O gur toigh leam, &c.

Mìle fáilt 'an diugh do'n chommun,
 Luchd nam boinead 's nan coe-àrda,
 Luchd nam breacan greadhnach rìoghail,
 Dàn ceol nuallan piob 's na blàraibh.
 O gur toigh leam, &c.

O Bheinn Nibheis 's o Bheinn Uabhais,
 'S o gach fuar-bhcann 'rinn ur n-àrach,
 Tha Mactalla ri àrd-luagh-ghàir,
 'S air gach gleann tha'n sluagh gu gàireach.
 O gur toigh leam, &c.

Gheabh sibh gràdh 'us meas o'r dùthaich,
 Taingealachd 'us cliù o'r Bànrighn,
 'S bheir mi-fhein le deòin duibh òran,
 Bho'n a rinn a' Cheolruidh bàrd diom.
 O gur toigh leam, &c.



ORAN DHOMHNUILL.

'S ANN moch Diciadain 'thug sinn ar cùlaobh
 Rì tìr ar dùthchais 's bu shunndach sinn ;
 Gu'm b'aotrom siubhlach a dh'fhalbh an iùbhrach,
 Air bhar chuan dùghorm bu chiuine leinn.
 Bha ghrian gu bòidheach a' dearsadh oirne,
 'S a gathan orbhuidh' toirt sòlais duinn,
 A's air Hanòbhar rinn sinne sèoladh,
 'S a' mhuir ri ceol dhuinn le cronan binn.

Ach cian m' an thriall a' ghrian do'n iàr uainn,
 Gu'n dhorch an iarmailt le moran grùaim,
 Thoit a's dhùin i gu tiugh m'ar cùlaobh,
 'S bha'n fhairge 'g ùinich le moran fuaim ;
 Bha " Gleann Comhann " ro math gu seoladh,
 'S bha sgiobadh corr air a bord 's an uair,
 Ach ged bha cach uile mar bu chòir dhaibh,
 Gur ann air Dòmhnall a bhios mi luaidh.

O's ann a Uidhist a thainig Domhnull,
 'S bha e de sheorsa Chloinn-ghille-mhaoil,
 A's cha bu Spainnteach a bha's an oigeir,
 Ged's iomadh seoladair sud a shaoil.
 Bha fhalt cho dorcha ri sgiath na rocuis,
 'S a shuilean colgail le lainnir bhaoth,
 'S a chraiceann ciar-dhubh cho sleamhain romach,
 Ri bian an roin a bhios anns a' chaol.

Cha teid mi'n drasta a dheanamh sgèoil duibh,
 Mu'n obair mhoir a rinn e's an am,
 Ach leis an spairn 'bh'air a'tarruing corcuich,
 Gu'n chaill e bhrogan * gu h-ard's a'chrann ;
 'S an uair bu chruaidhe bha ghaoth a'seideadh,
 Gu'n d'rinn e eifeachd dhuinn nach robh gann,
 'N uair gheall e tasdan do chaillich airceil,
 A bha lan airsneil an Uidhist thall.

Bha "Gleann Comhann" air bharr thonn uaine,
 A' falbh cho uallach ri h-eala bhain,
 'S gu'm b'e an solas bhi leis a' ghuamaig,
 A mach air chuan far nach faicteadh traigh ;
 A's i le sinteag a' dol gu fuaradh,
 A dh-aindeoin nuallan nan stuadhan ard,
 Bha briseadh barra-gheal gu doirbh mu cruachainn,
 'S ga 'crith gu guailnean's a' h-uile clar.

'S an uair a rainig sinn Heligòland,
 A' dearsadh oirne bha 'sholus grinn—
 Sealladh aigh sud do shuil an t-seoladair,
 An deigh bhi comhrag ri muir a's tuinn.
 "Seall tu an lochran," thuirt mis' ri Domhnull,
 "Gur fad o d'eolas a tha thu, shuinn,
 Sinn fad o Albainn a nis 's a' Ghearmailt,
 Meag dhaoine garg 's iad gun seanchus dhuinn."

Le gaire magail 's ann labhair Domhnull,
 "Och ochain, 's gorach, a *Mheistear*, † sibh,

* Ghoid Domhnull brogan 's a' phort 's an robh sinn. Bha iad mòr dha, agus thuit iad dheth anns a' chrann.

† Dh'fhairtlich air Domhnull riamh, "a Mhstress" a radh. Is e "Mheistear" a gheibhinn daonnan uaith.

Sibh an duil gur a buraidh 'n t-òigear,
 Ach cha'n 'eil Domhnull cho fada clith;
 'S ann leis dhinn shios ud tha duthaich m'òige,
 Ochoin 's ann domhsa is aithne 'n tìr,
 'S e'n solus sonraicht tha dearsadh oirne,
 Ceann Bharraidh bhoidhich—air 's eolach mì."

Ach anns a' mhadainn 's ann sheall an t-òigear,
 Le ioghnadh mor air gach taobh mu'n cuairt,
 Oir ged bha'n abhainn gu sìnteach farsaing,
 Gu'n d'inn's a cladach nach b'i sud Cluaidh;
 Thuit geilt a's airsneul air cridh' an lasgair,
 'S cha labhradh facal 's cha sheinneadh duan,
 'S a chas air tìr, 's e cho fad o eolas,
 Cha chuireadh Domhnull air mhoran duais.



A BALLAD.

WITH heart unscathed, and fancy free, I through the
 world had gone
 For years, till maidens whispered that my heart was
 made of stone;
 Though pretty eyes looked into mine, still proof against
 their wiles,
 No answering glance I ever gave to all their witching
 smiles.

I fain would love, would fain have met some fay the spell
 to break,
 Some maiden fair whose fingers could the heart's still
 chords awake;
 For well I knew my ardent soul was filled with hidden
 fire,
 I knew what music wild could pour from the long silent
 lyre.

A void was in my life, and my ancestral hall seemed cold,
 Nought in it that could gladness give but what was
 bought with gold;

Fain would I wed, but ah! that void no one I knew
 could fill,
 And marriage would but crush the heart whose chords
 were silent still.

I wandered far to distant lands, o'er mount, and sea, and
 plain ;
 I've seen the Moorish maidens, and the dark-haired girls
 of Spain,
 Italia's soft-eyed daughters, and the blondes of Germany—
 But home I turned with heart unscathed and fancy roving
 free.

Ah! that it aye continued so, and I been spared this
 pain ;
 Ah! for the wasted music poured upon the winds in vain ;
 Ah! for the beauteous flowers dead beneath the frost and
 snow ;
 Ah! for the heart so lone and sad, that ne'er can pleasure
 know.

At length, near my ancestral hall, I found the sought for
 fay,
 As I rode out one morning in the bonnie month of May ;
 Pale as a lily blooming fresh, and beautiful and fair,
 And brightest golden were the braids of her most lovely
 hair.

That flower-like face, that queenly form, methinks I see
 her now,
 The crown of truth and goodness on her pure white angel
 brow,
 Her mourning dress, her small gloved hands, her basket
 full of flowers ;
 I see them all as when she stood among the hawthorn
 bowers.

“Oh! welcome home again, Sir Hugh,” cried laughing
 Alice Hay ;
 “I'm led in quest of beauty here by gold-haired Cousin
 May,

She says her skin is white because she likes the early
hours,
And her only charm for beauty is the dew-drops off the
flowers.

“ And you have come in time to aid us damsels in distress,
We tried to get that hawthorn branch, and May has torn
her dress ;
We sought the fragrant prize in vain, and wept in our
despair,
And, though I did not tear my dress, I vowed to tear my
hair.

“ And when did you return, Sir Hugh ? and will you long
remain ?
Or have you not brought home a bride from the dark
maids of Spain ? ”
While Alice prattled thus, I gazed upon the lovely fay,
The little nut-brown maid had called her gold-haired
Cousin May,

Our eyes met, and the deepest tint upon the red June rose,
The brightest glow that sunset casts upon the mountain
snows,
The crimson cloudlets that adorn the gates of opening day,
Were ne'er so lovely as the blush upon the face of May.

I gazed, and felt these violet eyes could wound or make
me whole,
That lily hand could wake to joy the music of my soul ;
The mystery of life had come—the magic spirit band—
The charm that gives to common things the look of fairy-
land.

My bosom thrilled, but as I caught the snow-white
hawthorn spray,
Its petals ripe came show'ring down, upon the head of
May ;
And Alice cried out “ poor Sir Hngh, to grief and sorrow
born,
You've given all the flowers to May, and you have but
the thorn.”

Oh! lightly spoken words of truth ; oh! fatal thorn to me,
The emblem of the misery I've borne, dear love, for thee ;
And all the joys to thee I've given, where fain I'd heap
 my sheaves,
Might well, alas ! be likened to that shower of scattered
 leaves.

Oh ! how I loved my darling May, May of the golden hair,
May of the deep bright violet eyes, and skin so snowy fair,
May of the heart as pure as light, the high-toned loving
 soul,
May who has wounded me to death, but ne'er can make
 me whole.

I saw she loved me in return, I read it in her eyes,
And hope was sweetly whispering that I would gain the
 prize ;
Though when I lingered by her side, and saw her look so
 grave,
I often wondered if my love a painless pleasure gave.

And Alice ceased to tease me as she had been wont to do,
And there was pity in her tones whene'er she said " Sir
 Hugh ;"
And her gentle mother hinted in the softest, kindest way,
Of some lover who was writing to my darling gold-haired
 May.

As the joyous golden summer days had flown into the
 past,
And the roses, once so beautiful, were scattered in the
 blast ;
A shadow o'er my spirit fell, a strange and nameless pain,
The brightness of the dream was gone that ne'er could
 come again.

One autumn evening as I walked out through the woods
 alone,
My heart was yearning, hungering for the queen upon its
 throne,

And I turned to the dear old spot—the fragrant hawthorn
bowers,
And found my darling weeping there alone among the
flowers.

“What is it, May? what is it, love? the tears are on thy
cheek,
You must have read, my own dear May, the love I dared
not speak.
Oh! can I dry thy beauteous eyes, or ease thy bosom’s
pain?
What is it, May? what is it, love? why do these tear-
drops rain?”

“Oh! do not speak of love, Sir Hugh; oh! help me to
do right;
I’ve wandered far from duty’s path, and conscience now
doth smite;
I’ve lingered gladly by your side, and listened to your
voice,
And in the love-light in your eyes, I’ve let my soul rejoice.

“Whilst I am pledged, this hand is pledged, and soon I’ll
be a bride;
My father gave my hand away upon the day he died;
And now I’ve let my soul indulge the golden dreams of
youth,
Nor thought that I was wandering from the higher ways
of truth.

“The dream is broken—my betrothed will here to-morrow
come,
And he says I must name the day when he will take me
home.
